

Bìoball airson na Cloinne  
A'cur fan comhair



Nòah agus An  
Tuil Mhòr



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus  
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Maillot; Tammy S.

Air eadar-theangachadh le:  
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children  
[www.M1914.org](http://www.M1914.org)

©2020 Bible for Children, Inc.


Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,  
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.



Bha Nòah ag adhradh do Dhia.  
Ach bha gràin aig a h-uile  
duine eile air Dia agus chaidh  
iad na aghaidh. Aon latha,  
thuirt Dia rudeigin uabhasach.

"Sgriosaidh Mi an saoghal  
aingidh seo," dh'innis

Dia do  
Nòah. "Ach bidh  
do theaghlach-sa  
sàbhailte."



Thug Dia rabhadh do Nòah gun tigeadh  
tuil mhòr air feadh an t-saoghail. "Tog  
àirc à fiodh, bàta a tha mòr gu leòr dhad  
theaghlach agus do iomadh beathach."

Thug Dia stiùireadh mionaideach  
do Nòah. Bha Nòah trang!





'S dòcha gun robh daoine a' magadh air nuair a mhìnich Nòah carson a bha e a' togail àirc. Ach chùm

Nòah air a' togail. Chùm e cuideachd ag innse dha daoine mu Dhia. Cha do dh'èist duine sam bith ris.




Bha creideamh làidir  
aig Nòah. Chreid e Dia,  
ged nach robh uisge air  
tuiteam a-riamh ron seo.

Ann an ùine ghoirid,  
bha an àirc deiseil  
airson a lìonadh.



An uair sin, thàinig na beathaichean. Thug Dia leis  
seachd de chuid de bheathaichean agus a dhà de  
chuid eile. Rinn eòin mhòra agus bheaga,  
beathaichean bìodach agus  
àrda an

slighe  
dhan  
àirc.




'S dòcha gun robh na daoine a'  
càineadh Nòah nuair a stiùir e  
na beathaichean air a' bhàta.  
Cha do sguir iad dhem  
peacadh an aghaidh Dhè.  
Cha do dh'iarr iad  
tighinn air an àirc.






Mu dheireadh thall, bha a  
h-uile beathach agus eun



air bòrd. "Thig  
a-steach don  
àirc," arsa Dia  
ri Nòah. "Thusa  
agus do theaghlach."  
Chaidh Nòah, a bhean,  
a thriùir mhac agus na  
mnathan aca a-steach dhan  
àirc. Dhùin Dia an doras!





Thàinig an  
t-uisge an uair  
sin. Bhàth uisge  
trom an saoghal  
airson ceathrad latha  
agus ceathrad  
oidhche.






Dhòirt  
uisge  
na tuile air  
bailtean beaga  
agus mòra. Nuair a sguir  
an t-uisge, bha fiù 's na beanntan  
fodha. Chaochail a h-uile  
rud a tharraingeadh anail.



Nuair a dh'èirich an tuil,  
sheòl an àirc air an  
uachdar. Ma dh'fhaoidte  
gun robh e dorcha na  
broinn, 's dòcha cugallach,  
agus fiù 's eagalach. Ach  
chùm an àirc Nòah  
sàbhailte bhon tuil.





Às dèidh còig mìosan de thuil, chuir  
Dia gaoth thormachaidh a-mach. Gu  
slaodach, thàinig an àirc gu stad gu  
h-àrd ann am beanntan Ararat.

Dh'fhuirich Nòah taobh a staigh  
fad ceathrad latha a  
bharrachd  
fhad 's a  
chaidh  
an  
t-uisge  
sìos.



Chuir Nòah fitheach agus calman a-mach à uinneag fhosgailte na h-àirce. Thàinig an calman air ais do Nòah. Cha b' urrainn dha àite tioram, glan a lorg far an gabhadh e fois.





Às dèidh seachdain eile,  
dh'fheuch Nòah a-rithist.  
Thàinig an calman air ais  
le duilleag craoibh-ola ùr  
na ghob. An ath-sheachdain,  
bha fios aig Nòah gun robh an  
talamh tioram oir cha  
do thill an calman.




Dh'innis Dia do Nòah gun robh an t-àm ann an àirc fhàgail. Le chèile, thug Nòah agus a theaghlach na beathaichean bhon àirc.





Dè cho taingeil 's  
a bha Nòah! Thog  
e altair agus rinn  
e adhradh do  
Dhia airson gun do  
shabhail E iad  
bhon tuil  
uabhasach.





Rinn Dia  
gealladh  
mìorbhaileach do  
Nòah. Cha chuireadh  
E tuil don t-saoghal gu  
bràth tuilleadh mar  
pheanas air peacadh dhaoine.

Chruthaich Dia  
cuimhneachan  
iongantach den  
gheall Aige.  
'S e sin a'  
bhogha-froise.



Rinn Nòah agus  
a theaghlach  
toiseach tòiseachaidh ùr às  
dèidh na tuile. Ann an ùine,  
chaidh a chlann air feadh  
an t-saoghail gu lèir.

Thàinig gach  
nàisean

san t-saoghal bho  
Nòah agus a chlann.



# Nòah agus An Tuil Mhòr

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bìoball, ri

Genesis 6 to 10

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm 119:130



A' Chrìoch



Tha sgeul a' Bhìobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

